

Comataidh Inbhean MG ALBA

Still Game/Can Seo, Zone 3.28, PQ

Dimàirt 9 Ògmhios 2015, 0900-1045

Bòrd: Jo NicDhòmhnaill (sa Chathair) Alasdair MacCaluim
Catriona Nic a' Phì

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul (Àrd-Oifigear)
Alan Esslemont (Ceannard Phrògraman)
Mairead Chamshron (Deasaiche Seanail)
Iseabail Nic an t-Sagairt (Stiùiriche Leasachaidh & Co-bhanntachdan)
Màiri Anna NicAonghais (air a' fòn a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)
Eilean Green (an làthair a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

1. Leisgeulan

Iain Caimbeul; Magaidh Choineagan.

2. Gnothach Dearbhte

Jo NicDhòmhnaill – ag obair air prògram Stòras le Bees Nees Media agus prògraman airson a' BhBC; Catriona Nic a' Phì – ag obair air prògram Farpaisean Chon-chaorach le MneTV; Alasdair MacCaluim – ag obair air prògram mu thrèanaichean le mactv, Leugh Mi le BBC Gàidhlig agus Fonn Fonn Fonn le Moja Ltd.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 26/3/15

An dèidh ceartachadh litreachadh an àite no dhà, aontaichte. **(Gnìomh: MAMI).**

4. Gnothaichean ag èirigh

Cha robh gin.

5. Aithisg Bhliadhnaile na Comataidh & Clàr-obrach Comataidh Inbhean 2014/15

Bha pàipear air beulaibh Bhall agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh aontachadh mar a leanas:

- Dheigheadh ‘BBC ALBA’ a chleachdadh, seach seanail **(Gnìomh: MAMI)**.
- Bha dùblachadh ann air an t-seantans ‘Poileasaidh foillseachaidh...’ agus dheigheadh fear a thoirt às. **(Gnìomh: MAMI)**.
- A’ ghnè ‘Ionnsachadh’ a chuir air clàr-chùisean na Samhna. **(Gnìomh: MAMI)**. A thaobh ionnsachadh airson inbhich le Gàidhlig, dheigheadh seo a dheasbad nuair a dheigheadh coinneachadh ri Bòrd na Gàidhlig. **(Gnìomh: IMT)**
- A’ ghnè ‘Dibhearsain’ a chuir air clàr-chùisean a’ Ghearrain. **(Gnìomh: MAMI)**

An dèidh na h-atharraichean seo, chaidh clàr-obrach na Comataidh airson 2015/16 aontachadh agus dheigheadh leth-bhreac ùr a chuirteachadh. **(Gnìomh: MAMI)**

6. Co-chomhairle 2015

Bha pàipear air beulaibh Bhall agus chaidh deasbad a chumail.

Chaidh còmhradh a chumail air fo-thiotalan / seirbheisean ruigsinneachd. Chaidh innse gu robh neach bhon BhBC an sàs ann am pròiseact gus faicinn ciamar a b’ urrainnear na rudan seo a choileanadh airson Ofcom. Bhiodh barrachd fiosrachaidh ri fhaighinn ann am mìos no dha. **(Gnìomh: AE)**. Bha a’ Chomataidh gu h-àraidh airson prògraman chloinne a dhìon bho fo-thiotalan. A thaobh an deasbad a tha dol an-dràsta mu fo-thiotalan, chaidh còmhradh a chumail gu robh e cudromach ar teachdaireachd a sgaoileadh air na meadhanan sòisealta **(Gnìomh: IMT)**.

San fharsaingeachd, bha a’ Chomataidh ag aontachadh ris a’ phàipeir. Dheigheadh sgioblachadh a dhèanamh air susbaint a’ phàipeir, le sùil air Rùn, Luachan msaa. **(Gnìomh:**

IMT). Chaidh taing a thoirt dhaibhsan a bha an sàs san sgrìobhadh airson coileantachd a' phàipeir.

7. Lèirsinn 2020

Bha pàipear air beulaibh Bhall agus thug an Stiùiriche Leasachaidh & Co-bhanntachdan iomradh air. Chaidh còmhradh a chumail agus, le fiosrachadh a bharrachd a dheigheadh a chuir ris, bha a' Chomataidh riarachta gun tigeadh e air adhart airson co-chomhairle dhùinte, le sùil fhoillseachadh aig deireadh na Sultaine. Dheigheadh coinneamh shònraichte a chumail air 10/9/15 gus a dheasbad ann am barrachd doimhneachd. Chaidh aontachadh gum bi e feumail bruidhinn ri [GLÈIDHTE: eòlaiche craolaidh ann am mion-chànanan].

(Gnìomh: IMT)

8. Lèirmheas air a' ghnè Ceòl

Chaidh taisbeanadh a dhèanamh leis an Deasaiche Seanail. Chaidh còmhradh a chumail air cho cudromach 's a tha e gun tèid tàlant ùr a bhrosnachadh; gen tèid àite/ùrlar a chruthachadh airson daoine òga agus gun tèid cothrom a thoirt dhaibh a dhol bho ùrlar ionadail gu ùrlar nàiseanta. Chaidh aontachadh gu bheil feum air obair leasachaidh air a' ghnè seo. **(Gnìomh: AE + sgioba)**

9. Measadh FilmG

Bha pàipear air beulaibh Bhall agus thug an Stiùiriche Leasachaidh & Co-bhanntachdan iomradh air. Chaidh fàilte a chuir air na duaisean ùra sa cho-fharpais. Chaidh aontachadh gu bheil oidhche nan duaisean math ach gu feumar tuilleadh deagh rùn a thaobh Gàidhlig. Chaidh proifeiseantachd luchd-lìbhrigidh na h-oidhche, Fiona NicChoinnich agus Niall Iain Dòmhnallach, a chomharrachadh. Chaidh aontachadh gu bheilear airson fèin chruthachadh a bhrosnachadh agus a neartachadh. **(Gnìomh: IMT)**

10. Poileasaidh agus ro-innleachd na buidhne airson na h-ath bhliadhna a thaobh trèanadh is leasachadh

Bha pàipear air beulaibh Bhall agus thug an Stiùiriche Leasachaidh & Co-bhanntachdan iomradh air. Chaidh innse gu bheilear a' teannachadh fòcas air trèanadh agus gu bheil

Buidheann Comhairleachaidh Trèanaidh air a stèidheachadh a tha a' coimhead am measg eile ri ciamar a thathar a' làimhseachadh Gàidhlig gu h-ìomchaidh ach ann an dòigh a tha a rèir feumalachdan gach companaidh fa leth. **(Gnìomh: IMT)**

11. Aithisg air Dèanadas BBC ALBA

Chaidh meal-a-naidheachd a chur orrasan a bha an sàs ann an clàran-ama na seanail agus orrasan a tha a' coimiseanadh nam prògraman.

12. GISBE

Chaidh aontachadh aithisg Reference Economic Consultants a sgaoileadh air Buill. **(Gnìomh: MAMI)**